

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



Airson a chleachdadh sa bhad

Diluain 10 Dùbhlachd 2018

**** Scroll down for English version****

Bòrd na Gàidhlig air Cathraiche Eadar-amail ainmeachadh

Chaidh Màiri T NicAonghais ainmeachadh mar Chathraiche Eadar-amail air Bòrd na Gàidhlig aig coinneamh a' Bhùird ann an Inbhir Nis a chaidh a chumail air 6 Dùbhlachd 2018. Tha a' Bhean-phòsta NicAonghais, a bhuineas do dh'Uibhist a Deas, a' gabhail na dreuchd òs làimh às dèidh do dh'Ailean Dòmhnallach gluasad gu bhith mar Chathraiche air MG ALBA far am bi e a' tòiseachadh tràth an ath-bhliadhna. Thòisich a' Bh-ph NicAonghais mar Bhall air a' Bhòrd anns a' Mhàrt 2016 agus bidh i a' tòiseachadh ann an dreuchd Cathraiche Eadar-amail Bòrd na Gàidhlig air 1mh Faoilleach 2019.

'S e Cathraiche Ceòlas a th' ann am Màiri T NicAonghais, agus tha iomadh dreuchd air a bhith aice sa choimhearsnachd a' buntainn ri foghlam, a' Ghàidhlig, agus ionnsachadh inbheach. Bha i na Ceannard ann an Sgoil an Ìochdair agus tha i cuideachd air a bhith na ball de na bùird aig grunn bhuidhnean ann an Alba, leithid Comhairle Ealain na h-Alba agus Comataidh Craolaidh Gàidhlig

Thuir Ailean Dòmhnallach: “Tha mi a’ cur fàilte air Màiri NicAonghais mar Chathraiche Eadar-amail air Bòrd na Gàidhlig agus a’ guidhe gach soirbheachas dhi agus don sgioba air fad anns na mìosan agus na bliadhnaichean a tha romhainn. Chòrd e rium fhìn gu mòr a bhith sa chathair aig Bòrd na Gàidhlig thairis air na trì bliadhna gu leth mu dheireadh agus tha cothrom ann do Mhàiri a-nis am buidheann a thoirt air adhart gus an tèid Cathraiche ùr maireannach a chur an dreuchd an ath-bhliadhna.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



Thuir Mairi NicAonghais: “Tha mi gu math toilichte dreuchd Cathraiche Bòrd na Gàidhlig a ghabhail agus bu mhath leam taing mhòr a thoirt do dh’Ailean Dòmhnallach airson an obair a rinn e airson a’ Ghàidhlig a thoirt air adhart aig ìre ionadail anns na coimhearsnachdan agus aig ìre nàiseanta ann an Alba thairis air an ùine aige sa chathair. Tha mi a’ coimhead air adhart gu mòr le bhith ag obair còmhla ri Buill a’ Bhùird, an Ceannard agus an sgioba luchd-obrach, na diofar choimhearsnachdan air feadh Alba agus Riaghaltas na h-Alba is eile airson maith na Gàidhlig.”

Bha Ailean Dòmhnallach mar Chathraiche Eadar-amail agus mar làn Chathraiche air a’ Bhòrd bho chionn ceithir bliadhna, agus roimhe sin bha e na Leas-Chathraiche.

Tha an Riaghaltas air pròiseas trusaidh a thòiseachadh gus Cathraiche maireannach a thrusadh.

CRÌOCH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Murchadh Moireasdan, Manaidsear Conaltraidh agus Thachartasan aig Bòrd na Gàidhlig, air murchadh@gaidhlig.scot no 01463 225454 / 07525 893367

Fios do Luchd-deasachaidh:

’S e raon-ùghdarras Bhòrd na Gàidhlig a bhith a’ toirt taic do Ghàidhlig na h-Alba agus a bhith ga cur air adhart agus ga leasachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. ’S e an lèirsinn a th’ againn gum bi a’ Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd mar chànan brìoghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadh barrachd is i a’ faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan.

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



Prìomh amas a th' againn 's e àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh agus na cothroman a th' ann do dhaoine an cànan a chleachdadh a chur am meud, a thuilleadh air ìomhaigh a' chànain agus a' chultair a thogail ann an Alba is thall thairis.

Tha sinn ag obair le ìomadh buidheann poblach gus planaichean Gàidhlig ullachadh agus a chur an gnìomh, agus le buidhnean coimhearsnachd agus eile le bhith a' toirt seachad taic-airgid airson an cuid obrach agus phròiseactan, a thuilleadh air comhairle agus stiùireadh a thoirt do Mhinistearan na h-Alba agus do bhuidhnean eile a thaobh ìomadh raon de leasachadh na Gàidhlig.

For Immediate Use

Monday 10 December 2018

Bòrd na Gàidhlig appoints Interim Chairperson

Mairi T MacInnes has been appointed as Interim Chairperson of Bòrd na Gàidhlig following a recent Board meeting held in Inverness. Mrs MacInnes who is from South Uist takes over the Chair from Allan MacDonald who is moving to become Chair of MG ALBA (The Gaelic Media Service).

Mrs MacInnes joined Bòrd na Gàidhlig in March 2016 and will take up the Interim post with effect from 1st January 2019.

Mairi T MacInnes is currently Chair of Ceòlas and she has extensive experience and knowledge of community development, education, Gaelic and Adult Learning. She was latterly Head Teacher of lochdar School and has also served as a member of the board in various Scottish organisations including The Scottish Arts Council and Comataidh Craolaidh Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



Allan MacDonald said: “I welcome the appointment of Mairi MacInnes as Interim Chair of Bòrd na Gàidhlig and I wish her and the team every success in the months and years that lie ahead. I thoroughly enjoyed my time as Chairman of Bòrd na Gàidhlig and Màiri now has the opportunity to lead the organisation until a new permanent Chair is appointed next year.”

Mairi MacInnes said: “I am delighted to take on the role of Interim Chair of Bòrd na Gàidhlig and I would like to thank Allan MacDonald for the work that he has done in taking Gaelic forward at local community level and at national level throughout Scotland during his tenure as Chairman. I am very much looking forward to working with Board members, the Chief Executive and her team and communities throughout Scotland and also the Scottish Government and others for the benefit of the Gaelic language.”

Allan MacDonald had previously served as Deputy Chairman and also Interim Chair of Bòrd na Gàidhlig and was appointed Chairman in 2015.

The Scottish Government has begun the process of recruiting a new Chairperson.

END

**For further information about this Press Release please contact
Murdo Morrison, Communications and Events Manager at Bòrd na Gàidhlig on
murchadh@gaidhlig.scot or 01463 225454 / 07525 893367**

Information for Editors:

The remit of Bòrd na Gàidhlig is to support, promote and develop the Gaelic language in Scotland and internationally. Our vision is that Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national cultural and economic asset.

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



We prioritise an increase in the numbers speaking Gaelic and increased opportunities for using the language in addition to raising the profile of the Gaelic language in Scotland and internationally.

Bòrd na Gàidhlig works with public bodies in the preparation and implementation of Gaelic Plans and with community groups and others through providing project funding. The Bòrd also provides advice and guidance to the Scottish Government Ministers and other agencies on the different aspects of Gaelic development.